

"Ag obrachadh còmhla gus  
ionnsachadh is coileanadh a  
bhrosnachadh ann an  
Coimhearsnachdan na  
Gàidhealtachd"



Aithisg Inbhean agus Mathais  
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis  
Comhairle na Gàidhealtachd  
Seirbheis Foghlaim, Cultair agus Spòrs  
Sgìre Inbhir Nis

Seisean 2010/11

---

**Lèirsinn agus luachan na sgoile againn**

*Ann an coimhearsnachd Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, tha sinn a' cur meas air a h-uile neach le bhith mothachail air am feuman fa leth a thaobh na Gàidhlig, ann an àrainneachd thaiceil agus fhàilteachail. Tha sinn modhail, cothromach agus deònach èisteachd, agus a' cur air adhart feallsanachd far a bheil luach air a h-uile neach.*

**Is iad amasan Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis:**

- Coimhearsnachd sgoile chùramach, shàbhailte agus bheòthail a leasachadh far a bheil **luach** ga chur air gach neach
- Àrainneachd a chruthachadh de **chànan, chultar agus aithne na Gàidhlig**
- **Coileanaidhean** agus soirbheachas pearsanta a chomharrachadh
- Ar cuid chloinne uidheamachadh gu bhith **fallain, toilichte agus nan luchd-ionnsachaidh fad-beatha**
- Eòlasan **teagaisg agus ionnsachaidh** aig ìre àrd càileachd a thoirt seachad a bhrosnaicheas ionnsachadh gnìomhach
- A bhith **an sàs gu gnìomhach** leis na coimhearsnachdan Ionadail agus Gàidhlig

## Ar Prìomh Neartan

- Ar dealas àrd do bhith a' sìor leasachadh – an dà chuid taobh a-staigh na sgoile agus le bhith ag obair leis a' choimhearsnachd as fharsainge.
- Buileachadh ann an litearras air fàs nas fheàrr.
- Com-pàirteachasan làidir agus sgoilearan, pàrantan is luchd-obrach an sàs gu h-èifeachdach ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean m.e. dè na raointean den sgoil a dh'fheumas sinn a leasachadh.
- Sgoilearan a' faighinn cothrom gus leasachadh mar dhaoine misneachail le bhith a' gabhail com-pàirt ann an clubaichean às dèidh sgoile, tachartasan is farpaisean a tha air an cur air dòigh san sgoil agus sa choimhearsnachd as fharsainge.
- Tha coileanaidhean sgoilearan, san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile, air an aithneachadh is air an comharrachadh.
- Ar dealas do bhith a' bogadh nan sgoilearan ann an cànan, cultar agus dearbh-aithne na Gàidhlig.

## Ar Prìomhachasan airson Leasachadh

- Leasaich buileachadh ann an àireamhachd; gus ionnsachadh is teagasg a leasachadh is a thoirt air adhart ann am matamataig inntinneil agus fuasgladh-cheistean.
- Thoir barrachd leasachaidh air measadh; a' leantainn agus a' toirt cunntas air obair sgoilearan; a' co-roinn inbhean aig ìre sgoile agus ìre Buidheann nan Sgoiltean Buntainneach
- Cuir an Curraicealam airson Sàr-mhathais an gnìomh barrachd, le bhith a' leasachadh cho-theacsaichean ionnsachaidh farsaing agus gnìomhach, agus air an stiùireadh leis an leanabh, aig gach ìre.
- Leasaich prògraman saoranachd agus foghlam eadar-nàiseanta.

## Ar Prìomh Raointean Cleachdaidh

Tha an aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air neartan na sgoile againn agus na rudan a dh'fheumas a bhith air an leasachadh. Bidh sinn a' cruinneachadh an fhiosrachaidh seo ann an grunn dhòighean tron bhliadhna gus an dèan sinn cinnteach gu bheil an aithisg againn cho ceart 's a ghabhas. Bidh sinn a' toirt sùil air ais air an adhartas a tha sinn air a dhèanamh leis na prìomhachasan leasachaidh againn. Bidh sinn a' gabhail ùine gus coimeas a dhèanamh eadar na tha sinn a' dèanamh agus na h-eisimpleirean nàiseanta airson a' chleachdaidh as fheàrr. Bidh sinn a' tadhal air clasaichean a chèile gus inbhean ann an ionnsachadh agus teagasg a cho-roinn. Bidh sinn a' coimhead air obair chloinne is dhaoine òga gus am faic sinn ciamar a tha iad a' faighinn air adhart. Bidh sinn a' dèanamh feum de raon dàta agus fiosrachaidh, a' gabhail a-steach toraidhean buileachaidh. Bidh sinn a' cruinneachadh bheachdan chloinne, phàrantan, luchd-obrach agus bhuill na coimhearsnachd ionadail. Bidh sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo air fad gus tighinn gu co-dhùnadh mu chàileachd an fhoghlaim a bhios sinn a' toirt seachad.

### Leasachaidhean tro fhèin-mheasadh

Na rudan a tha sinn a' dèanamh gu math:

- A' co-roinn deagh chleachdadh ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh thar na sgoile
- A' comharrachadh raointean airson leasachadh; tro bhith toirt fa-near, a' samplachadh obair, deasbaireachdan, co-roinn inbhean
- Dealas aig luchd-obrach do leasachadh, a' co-roinn na h-aon lèirsinn

Na rudan air am feum sinn obrachadh:

- A' co-roinn inbhean thar na sgoile, thar Buidheann nan Sgoiltean Buntainneach, thar an ùghdarras ionadail agus aig ìre nàiseanta
- Leantainn air adhart mar phàirt de 'Tapestry'- leasaich ro-innleachdan AifL thar na sgoile, sgoil-àraich – P7

### Leasachaidhean ann an coileanadh

Na rudan a tha sinn a' dèanamh gu math:

- Cothroman airson coileanaidhean nas fharsainghe, a' com-pàirteachadh bhuidhnean bhon taobh a-muigh.
- Tha sgoilearan uile a' faighinn gnìomhan dùbhlanaich a tha a rèir an comasan.
- Tha dreuchd cheannasach aig luchd-teagaisg uile agus aig iomadh sgoilear taobh a-staigh na sgoile.
- Buileachadh ann an litearras air fàs nas fheàrr.

Na rudan air am feum sinn obrachadh:

- Leantainn air adhart ag obrachadh air mì-chothromachd gnè ann am matamataig.
- Leantainn agus buileachadh co-cheangailte ri inbhean nàiseanta.

### Eòlasan luchd-ionnsachaidh

Na rudan a tha sinn a' dèanamh gu math:

- Ìre àrd brosnachaidh; tha cha mhòr na sgoilearan uile air adhartas fìor mhath a dhèanamh bho na h-ìrean coileanaidh a bh' aca roimhe.
- Àrainneachd ionnsachaidh agus spiorad coileanaidh nas fheàrr thar na sgoile.
- A' com-pàirteachadh sgoilearan ann an ionnsachadh is teagasg san sgoil

Na rudan air am feum sinn obrachadh:

- Bàrrachd fòcais air fèin-mheasadh bho sgoilearan; a' gabhail a-steach aithrisean deireannach airson sgoilearan gach teirm.
- Sgoilearan gu bhith a' gabhail barrachd com-pàirt ann an dealbhadh agus measadh leasan; sgoil-àraich-P7

### **A' coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh**

Na rudan a tha sinn a' dèanamh gu math:

- Thathar a' tabhann taic iomchaidh do sgoilearan gus an urrainn dhaibh adhartas a dhèanamh agus an làn chomasan a choileanadh.
- Tha thargaidean ionnsachaidh iomchaidh aig prògraman foghlaim fa leth agus planaichean chloinne. Tha Pàrantan/Luchd-cùraim an sàs ann a bhith a' stèidheachadh is a' measadh thargaidean.
- Com-pàirteachas làidir le buidhnean eile agus le àrd-sgoiltean buntainneach.

Na rudan air am feum sinn obrachadh:

- Goireasan daonna a chleachdadh gu h-èifeachdach
- Clàran-ama a chur air dòigh gu h-èifeachdach thar nan ìrean uile, gus a bhith nar sgoil a tha gu tur in-ghabhaltach

### **An Curraicealam**

Na rudan a tha sinn a' dèanamh gu math:

- Eadar-ghluasad eadar ìrean
- Tha clasaichean uile a' leantainn prògram Litearras na Gàidhealtachd ann an leughadh
- Tha dùbhlannan gu thoirt seachad ann an raointean curraicealam.

Na rudan air am feum sinn obrachadh:

- Lean agus leudaich co-chomhairle le luchd-ùidh uile airson curraicealam ùr-ghnàthaichte.
- Dèan poileasaidhean sgoile a tha a' nochdadh na thathar a' dèanamh.
- Com-pàirtich sgoilearan gus am bi iad a' cur barrachd ri bhith a' dealbhadh ghnìomhan.